

8 Gearran 2022

A phàrant/neach-cùraim chòir,

Tha Luchd-sgrùdaidh Foghlam na Banrigh (HMI) a' tadhal an-dràsta air cuid de sgoiltean agus suidheachaidhean tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne air feadh Alba. Nuair a sgrìobh sinn thugaibh an dèidh an sgrùdaidh mu dheireadh air Sgoil Bhàgh a' Chaisteilⁱ, thuir sinn gun dèanamaid conaltradh leis an sgoil gus aithris a dhèanamh air adhartas ann am Foghlam Luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus Foghlam Gàidhlig, gu h-àraid aig ìrean na h-àrd-sgoile. Ghabh sinn pàirt bho chionn ghoirid ann an còmhradh ri luchd-obrach agus ris an ùghdarras ionadail le bhith a' dèanamh tadhal bhiorail air an sgoil. Tha na còmhradh seo air ar cuideachadh gus barrachd ionnsachadh mun taic a thugadh do chlann, daoine òga is an teaghlachan tron ghalar mhòr-sgaoilte COVID-19. Chuala sinn cuideachd mu mhodhan-obrach a bha ag obair gu math gus taic a chumail ri slàinte is sunnd agus ionnsachadh is adhartas na cloinne is daoine òga. Bheachdaich sinn, còmhla ris a' cheannard, luchd-obrach agus oifigear an ùghdarras ionadail, air adhartas na sgoile ann a bhith a' toirt air adhart na molaidhean leasachaidh airson Gàidhlig bhon sgrùdadh thùsail againn.

A' cumail taic ri clann, daoine òga agus teaghlachan tro COVID-19

Tha ceannardas is luchd-obrach na sgoile air dealas agus cùram a nochdadh ann a bhith a' dèiligeadh ri dùbhlain COVID-19. Tha iad rim moladh airson faireachdainn gu bheil an sgoil aca a-nis 'fiù 's nas coltaiche ri teaghlach'. Tha sgiobaidhean is roinnean air feadh na sgoile ann an conaltradh cunbhalach. Chùm luchd-obrach ann an conaltradh ri clann is daoine òga rè amannan ionnsachaidh bhon taigh agus san ionad. Tha ro-innleachd aca air dòigh airson taic a thoirt do chlann is daoine òga a dh'fhaodadh a bhith a' faireachdainn iomagaineach mu dheidhinn COVID-19. Tha dàimhean proifeiseanta nas treasa aig luchd-obrach a-nis le com-pàirtichean slàinte is sunnd bhon taobh a-muigh.

Tha luchd-obrach moiteil às mar a mheudaich iad an sgilean teicneòlais didseataich rè a' ghalar mhòr-sgaoilte. Chuir iad na sgilean seo gu feum gus ionnsachadh a chumail a' dol, tron Ghàidhlig agus tron Bheurla, rè amannan de bhith ag obair bhon taigh. Tha luchd-obrach a' cumail orra ag amas air modhan-obrach èifeachdach airson ionnsachadh is teagasg didseatach a neartachadh. Tha iad air barrachd feum a dhèanamh de dh'ionnsachadh air a' bhlàr a-muigh san àrainneachd eileanaich aca. Tha tidsear a bharrachd a-nis san sgoil-àraich.ⁱⁱ Tha seo airson clann a chuideachadh gus Gàidhlig a chluinntinn agus a bhith air am bogadh sa chànan, agus iad ag ionnsachadh agus a' cluiche tro làn-bhogadh. Aig a h-uile ìre, feumar cuideam làidir a chur air cleachdadh cunbhalach den Ghàidhlig agus clann is daoine òga a' faighinn ìrean àrda de dh'fhileantachd an dèidh dhaibh tilleadh don sgoil. Feumaidh ceannardas na sgoile dèanamh cinnteach gu bheil poileasaidh sgrìobhte soilleir a thaobh làn-bhogadh a choileanadh san sgoil-àraich.

Tha luchd-obrach a' gabhail ri raon nas fharsaing de dh'ionnsachadh proifeiseanta tro chothrom air tachartasan air-loidhne, gun fheum air siubhal fada. Tha luchd-obrach a' cleachdadh an ionnsachaidh phroifeiseanta seo airson dèiligeadh ri raointean leasachaidh a chaidh a chomharrachadh san sgrùdadh thùsail. Mar eisimpleir, ionnsachadh, teagasg, measadh agus a' brosnachadh cunbhalachd ann an inbhean coileanaidh an

luchd-ionnsachaidh. Ri linn nan dùbhlann an lùib COVID-19, fhuair luchd-obrach gu bheil feum aca air barrachd ùine airson leasan ullachadh agus adhartas an luchd-ionnsachaidh a mheasadh.

Adhartas le raon leasachaidh bhon sgrùdadh thùsail

Tha ceannardas na sgoile nas soilleire a-nis mun fheum air lèirsinn choitcheann a leasachadh airson na sgoile aca, a' gabhail a-steach mar sgoil le inbhe Ghàidhlig. Chaidh an àireamh de luchd-obrach a mheudachadh gus co-chuid nas motha a libhrigeadh ann am Foghlam Gàidhlig. Tha pàrantan is coimhearsnachd an eilein a' cumail orra a' toirt taic glè mhath don sgoil aca ann a bhith a' toirt na Gàidhlig air adhart. Tha iad a' cur sùim mhòr ann an Gàidhlig mar phàirt chudromach sa cho-theacsa aca. Tha luchd-obrach air atharrachaidhean glè chudromach a dhèanamh do na dreuchdan, uallaichean agus ionnsachadh proifeiseanta aca gus atharrachadh a threòrachadh airson Foghlam Luchd-ionnsachaidh agus Foghlam Gàidhlig. Tha seo a' gabhail a-steach cùrsa bogaidh fad-bliadhna ann an Gàidhlig, agus tha feadhainn eile clàraichte airson cùrsa an luchd-ionnsachaidh 'SpeakGaelic'. Tha luchd-obrach rim moladh airson mar a chleachd iad eòlas is sgilean a fhuair iad bhon ionnsachadh phroifeiseanta aca gus cuspairean sòisealta tron Ghàidhlig a thoirt a-steach aig ìre na h-àrd-sgoile. Chaidh an soirbheas seo a chomharrachadh le Duais Ghàidhlig ann an 2021. Bu chòir do cheannardas agus luchd-obrach na sgoile cumail a' dol a' cur an gnìomh inbhean proifeiseanta Comhairle Luchd-teagaisg na h-Alba do chànan is cultar na Gàidhlig. Bidh seo a' cuideachadh ann a bhith a' togail agus a' glèidheadh lèirsinn choitcheann airson sgoil le inbhe Ghàidhlig.

Tha ceannardas na sgoile a' nochdadh cruthachalachd san dòigh sam bi iad a' cruthachadh chlasaichean air chor 's gum bi barrachd ionnsachadh is taic rim faotainn tron Ghàidhlig san àrd-sgoil bho S1 gu S3. Tha iad air ealain is deilbh tro mheadhan na Gàidhlig a chur ris a' churraicealam. Tha seo a' tachairt tro ullachadh chom-pàirteachaidh airson fastadh leis an uidheam didseatach, e-Sgoil. Tha an tidsear a' libhrigeadh ealain tro mheadhan na Gàidhlig aig Sgoil Bhàgh a' Chaisteil agus cuideachd do sgoiltean eile air feadh Alba. Bu chòir do cheannardas na sgoile a-nis sùil a chumail air a' churraicealam gus dèanamh cinnteach gu bheil ùine gu leòr aig òigridh gus sgilean is eòlas a leasachadh ann an litearrachd agus Gàidhlig.ⁱⁱⁱ Bidh òigridh ann am Foghlam Gàidhlig cuideachd ag ionnsachadh tro phròiseactan. Tha seo a' tachairt còmhla ri com-pàirtichean agus ann an cothroman airson coileanaidhean nas fharsainghe. Tha an òigridh a' meudachadh an tuigse air cho cudromach 's a tha cànan, cultar is ceòl na Gàidhlig don eilean aca fhèin agus ann an iomadh ceàrnaidh nas fhaid' air falbh.

A' dol air adhart, feumaidh ceannardas na sgoile dèanamh cinnteach gu bheil foir-shealladh làidir, ro-innleachdail a' dràibheadh planadh leantainneach is libhrigeadh a' churraicealaim airson na Gàidhlig. Feumaidh plana-leasachaidh na sgoile a bhith soilleir a thaobh àrdachadh a dhèanamh ann an àireamh de dh'òigridh a tha a' coileanadh teisteanasan is duaisean nàiseanta ann am Foghlam tron Ghàidhlig agus Foghlam Luchd-ionnsachaidh. Feumaidh e cuideachd mìneachadh mar a thathar a' coileanadh an dleastanais reachdail a thaobh co-chuid nas motha de dh'ionnsachadh a libhrigeadh tron Ghàidhlig. Dh'innis ceannardas na sgoile dhuinn gu bheil a' cleachdadh agus a' comharrachadh Gàidhlig barrachd ann am beatha is obair na sgoile. Bu chòir dhaibh dèanamh cinnteach gu bheil Gàidhlig sgriobhte nas fhaicsinniche, mar aon dòigh sam faodadh luach a shealltainn air ionnsachadh ann an agus tro Ghàidhlig.

Dè thachras a-nis?

Mar a thuigear, tha an sgoil air a bhith a' freagairt ris na dùbhlain an lùib a' ghalair mhòr-sgaoilte COVID-19. Tha iad seo air buaidh mhòr a thoirt air obair na sgoile. Tha luchd-obrach a' cur phlanaichean an gnìomh gus taic a chumail ri ath-shlànachadh. Tha Comhairle nan Eilean Siar ag obair gu dlùth leis an sgoil mar phàirt de neartachadh ro-innleachd Ghàidhlig na comhairle. Bu chòir don chomhairle dèanamh cinnteach gu bheil gu leòr goireasan teagaisg aig an sgoil gus na h-amasan a choileanadh mar sgoil le inbhe Ghàidhlig. Tha luchd-obrach a' gabhail cheuman freagarrach gus aghaidh a chur air na molaidhean bhon sgrùdadh thùsail air Gàidhlig. Mar thoradh air seo, cha bhi sinn a' tadhal air an sgoil a-rithist an co-cheangal ris an sgrùdadh thùsail. Bidh Comhairle nan Eilean Siar a' cumail orra a' toirt fios do phàrantan mu adhartas na sgoile mar phàirt de na h-ullachaidhean àbhaisteach aca airson aithris air càileachd na seirbheis foghlaim aca.

Joan Esson
Neach-sgrùdaidh na Banrigh

i 'S e Sgoil Bhàgh a' Chaisteil an tìotal Gàidhlig airson na sgoile ann am Bàgh a' Chaisteil.

ii 'S e sgoil-àraich am briathar Gàidhlig a thathar a' cleachdadh airson suidheachadh tràth-ionnsachaidh is cùraim-chloinne. Tha an sgoil a' cleachdadh a' bhriathair seo airson gach cuid Gàidhlig agus Beurla.

iii 'S i Gàidhlig ainm a' chànain.